

5.1540 (12)

HUNTING THE

DEER

IN LEWIS.

1888.

National Library of Scotland



B000248892



5.1540(12)

Faoghid nam Fiadh

Handwritten scribbles

ANN AN

GILEAN LEODHUIS.



Hunting the Deer in Lewis.



1888.
S. M. MACKENZIE, PRINTER.
New Glasgow, N. S.

FAOGHAID NAM FIADH.

Seisde.

Ged tha mi gun chrodh, gun aighean,
Gun chrodh laoigh, gun chaoirich agam ;
Ged tha mi gun chròdh, gun aighean,
Gheibh mi fhathast dachaidh ghrinn.

1.

Ged a tha mi anns a' choille,
Feadh nan craobhan dosrach, doilleur,
Far nach dean a' chuthag goirsinn,
B'e mo roghuinn bhi 's na glinn.

2.

Thainig sgeula nall thar fairge
Air an fhaoghaid ghreadhnaich, ainmeil,
Aig na fearaibh gleusda, calma,
Bu neo-chearbach anns an stri.

3.

Nuair a leughadh leinn an eachdraidh
Air na feidh a chaidh a chasgradh.
Leis na gillean treubhach, tapuidh,
Dh' eirich m' aigne ris na suinn.

4.

Sud na gillean sgairteil, teoma,
Gheibhear ann an Eilean Leodhuis :
Mo chreach leir ! na daoine coire
Bhi le foirneart air an claidh !

5.

Nuair a chruthaichheadh an saoghal,
Thugadh e do chlainn nan daoine,
Agus dh' aithneadh dhoibh le saothair
A bhi faotainn as am bidh.

6.

Ciamar theid a' mhuirichinn arach
Beo air salann us Bun-tata ?
'S ged bhiodh sgadan lom aig pairt diubh,
Cha-n 'eil sta dhoibh ann no cli.



7.

Riabh cha d' orduich Dia, an t' Ard-Rìgh,
Gum biodh cuisean mar a tha iad,
Fearann-treabhaidh chur 'na fhasach,
No mar aros do na feidh.

8.

Nuair a sgaradh leis nìc Adhaimh
Air an talamh anns gach aite,
Fhuair gach cinneach agus canain,
Ionad taimh ar sin doibh fein.

9.

Fhuair na Gaidhil tìr nam beanntan,
Dachaidh thiorail anns na gleanntaibh,
Duthaich fhallain, shunndach, ghreannar :
'S thug e Ghalldachd do na Gaill.

10.

Fhuair na Sasgonnaich am fearann
Far am bheil iad fein a' fanailt :
'S fhuair na h-Eireannaich an t-Eilean
Sin, bho shean a bh' aig na naoimh.

11.

Co thug coir do dhaoineibh mora,
Fìr gun truacantas gun trocair,
A bhì creach an t-sluaigh le foirneart?
No 'gam fogradh as an tìr?

12.

Nuair a thug an Tì a's Airde
Tìr nam beann do chlainn nan Gaidheal ;
Cuime rinneadh iad mar thraillean
Air an saruchadh le cis?

13.

Ged a dh' iarradh iad le durachd
Dol a dh-ionnsuidh thìrean ura
Airgiod-aisig, bheir a nunn iad,
Cìamar shiubhlas iad d' a dhith?

14.

Thugar dhoibh mar sin am fearann
Tha fo fheidh 's fo chaoirich chean-fhionn,
'S bheir iad aran as gun ghainne
Leis am beathaichear a' chlann.



